


FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2015

Comharra



X732/75/01

Nàiseanta 5

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

11:00 M — 11:25 M (moladh)

Gàidhlig  
Èisteachd  
Gàidhlig Listening



\* X 7 3 2 7 5 0 1 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir— 20

Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. **Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.**

Feuch na ceistean UILE.

Chan fhaod thu faclair Gàidhlig a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran. Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Chan fhaod thu rùm nan deuchainnean fhàgail ro chrìoch na deuchainn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 1 \*

1. Dè an coltas a bha air na Ceiltich? 2

---

---

---

2. (a) Cuin a bhiodh na Ceiltich gan dèanamh fhèin grànda? 1

---

(b) Carson a bhiodh iad a' dèanamh seo? 1

---

---

(c) Ciamar a bhiodh iad a' dèanamh seo? 2

---

---

---

3. Ciamar a tha fios againn gur e daoine ealanta a bha anns na Ceiltich? 3

---

---

---

---

4. Càit' am faic sinn an-diugh na cumaidhean cruinn air an robh na Ceiltich cho measail? 1

---

---

5. Dè am beachd a bha aig na Ceiltich air na sagartan draoidheil? 1

---

---



6. Dè bhiodh na Ceiltich a' dèanamh aig àm sònraichte den bhliadhna?

1

---

---

7. Ainmich dà àite aig a bheil cànan Ceilteach, a rèir na h-earrainne.

2

---

---

8. Ainmich trì rudan a th' againn an-diugh a thàinig bho na Ceiltich a rèir na h-earrainne.

3

---

---

---

9. Beachdaich air a' phrògram gu lèir.

(a) Dè am prìomh amas a chanadh tu a bha aig a' phrògram?

1

---

---

---

---

(b) A' cleachdadh fianais bhon prògram, seall dè cho soirbheachail 's a choilean e amas.

2

---

---

---

---

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 3 \*

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 4 \*

*Duilleag a ceithir*

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 5 \*

*Duilleag a coig*

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 6 \*

*Duilleag a sia*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 7 \*

*Duilleag a seachd*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 1 0 8 \*

*Duilleag a h-ochd*





Teisteanais  
Nàiseanta  
2015

**X732/75/11**

**Nàiseanta 5**

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

11:00 M — 11:25 M (moladh)

**Gàidhlig**  
**Earrann Èisteachd**  
Gàidhlig  
Listening Transcript

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil na disc ag obair neo far a bheil cead air a thoirt seachad ro laimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 7 3 2 7 5 1 1 \*

**Stiùiridhean airson leughadair(ean):**

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro laimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le (b) agus fireannach airson (f); agus neach-teagaisg far a bheil (n-t).

**Instructions to reader(s):**

Read the passage twice with an interval of 5 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked (b) should be read by a female speaker and those marked (f) by a male; those sections marked (n-t) should be read by the teacher.

(n–t) Cluinnidh tu earrann dà thuras, le còig mionaidean eadar gach turas. Mus cluinn thu an earrann, bidh aon mhionaid agad airson na ceistean a leughadh.

*(1 mionaid)/(1minute)*

(b/f) Èistibh ris an earrainn a leanas a thàinig à prògram rèidio mu na Ceiltich:

Bha na Ceiltich sgapte air feadh mòran den Roinn Eòrpa o chionn còrr air dà mhìle bliadhna. 'S e daoine làidir, fiadhaich a bh' annta agus anns a' chumantas, bha iad àrd agus bàn nan coltas. Bha na Ròmanaich cumhachdach aig an àm sin agus bhiodh iad a' sabaid a chèile gu tric. Nuair a bhiodh na Ceiltich a' dol gu cath, bhiodh iad gan dèanamh fhèin cho grànda 's a b' urrainn dhaibh airson eagal am beatha a chur air an nàmhaid. Bhiodh iad a' cur peant air na h-aodainn aca agus stuth nam falt gus an tiormaicheadh e cruaidh agus biorach. Glè thric, bhiodh na boireannaich aca a' sabaid ri an taobh. Bha iadsan a cheart cho borb ri na fir fhèin!

Ach, a dh'aindeoin gun robh na Ceiltich fiadhaich, tha iad cuideachd air iomadh dìleab luachmhor fhàgail againn.

Bha iad comasach air obair ghrinn a dhèanamh len làmhan. Bha iad math air fighe agus bu toigh leotha a bhith a' cleachdadh tòrr dhathan san aodach aca. 'S dòcha gur ann à seo a thàinig na tartain a tha againn an-diugh.

A thuilleadh air sin, tha luchd-ealain an-diugh fhathast a' cleachdadh nan cumaidhean cruinn air an robh na Ceiltich cho dèidheil. Bidh na cumaidhean sin rim faicinn ann an seudan, mar as trice dèanta ann an airgead.

Bha na Ceiltich a' creidsinn gu mòr ann an rudan spioradail agus saobh-chràbhach, agus bhiodh iad a' gabhail comhairle bho na sagartan draoidheil dham biodh iad a' toirt tòrr urraim. Aig àm sònraichte den bhliadhna bhiodh iad a' feuchainn ri eagal a chur air na droch spioradan. Chan eil adhbhar sam bith nach creid sinn gur ann às a' chleachdadh sin a thàinig fasanan Oidhche Shamhna mar a tha iad againn an-diugh.

'S dòcha gur e ar cànan an rud as cudromaiche a dh'fhàg na Ceiltich againn. 'S ann bhuapa a thàinig na cànanan anns a' Chuimrigh, sa Bhreatainn Bhig, ann an Èirinn agus ann an ceàrnaidhean eile. 'S e cànan Ceilteach a tha sa Ghàidhlig fhèin.

Ged a tha còrr is dà mhìle bliadhna bho àm nan Ceilteach, tha sinn fhathast a' bruidhinn an aon seòrsa cànan, a' leantainn cuid de na h-aon chleachdaidhean agus a' gabhail tlachd anns na h-ealain Cheilteach.

[CRÌOCH NA H-EARRANN]

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
2015

Comharra

X732/75/02

Nàiseanta 5

DIMÀIRT, 26 CÈITEAN

9:00 M – 10:40 M

Gàidhlig  
Leughadh agus Sgrìobhadh  
Gàidhlig Reading and Writing



\* X 7 3 2 7 5 0 2 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mìos

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharran gu lèir – 50

ROINN 1 – LEUGHADH – 30 comharran

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

ROINN 2 – SGRÌOBHADH – 20 comharran

Feuch AON cheist. Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir anns na beàrnan san leabhran.

Tha àite a bharrachd airson fhreagairtean aig deireadh an leabhraìn seo. Ma chleachdas tu an t-àite sin, feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 1 \*

ROINN 1 – LEUGHADH – 30 comharran  
Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

*Tha an earrann a leanas ag innse dhuinn mu thachartas ainmeil a ghabhas àite ann am Breatainn gach bliadhna 's mun bhuidh a tha aige air cultar an latha an-diugh.*

**Marathon Lunnainn**

Tha spòrs air a bhith aig cridhe cultar ann am Breatainn fad iomadh linn. Chaidh cuid de na spòrsan as motha a tha air sgaoileadh air feadh an t-saoghail a chruthachadh ann am Breatainn; goilf, ball-coise agus rugbaidh nam measg. Tha Breatainn cuideachd na dachaigh dha mòran de cho-fharpaisean eadar-nàiseanta an t-saoghail. 'S e glè bheag a tha cho cudromach ri Marathon Lunnainn ge-tà. Tha seo ri fhaicinn anns an àireimh mhòir de dhaoine a bhios a' gabhail pàirt (bidh mu cheathrad mìle neach a' ruith). Tha an rèis cuideachd gu math cudromach dha na milleanan de luchd-amhairc a bhios ga coimhead ri taobh na slighe. A bharrachd orra sin, bidh sluagh mor a' cumail sùil air an tachartas air an telebhisean nan dachaighean fhein.

Thòisich Marathon Lunnainn ann an 1981 agus, bhon uair sin, tha an tachartas air a bhith a' dol bho neart gu neart. Tha an rèis air a meas mar aon de na rèisean marathon as cudromaiche san t-saoghal le faisg air millean not ga thoirt seachad mar dhuaisean. Mar thoradh air inbhe na rèise agus na tha ri bhuannachadh, tha na ruitheadairean marathon as ainmeile air an t-saoghal air an tarraing ann. Tha fios aca gum bi na rèisean gu math luath ann an Lunnainn a chionn gu bheil slighe na rèise gu math còmhnard. Tha an rèis dualtach a bhith luath cuideachd air sgàth gu bheil i air a cumail sa Ghiblean mus tig teas an t-samhraidh. 'S i Paula Radcliffe an luth-chleasaiche Breatannach a b' fheàrr a shoirbhich san rèis. Ann an 2003 ruith ise na bu luaithe na ruith boireannach sam bith eile a-riamh ann an rèis mharathon. Chuir i crìoch air a' mharathon ann an dà uair a thìde 's cairteal.

Ach tha tòrr a bharrachd air farpais a' nochdadh anns an rèis. Tha an rèis air leth ainmeil airson na taic a tha i a' toirt do charthannas. Gu dearbh, 's e an tachartas bliadhnail as motha a tha a' togail airgead dha carthannas san t-saoghal. Chithear mòran a' ruith gach bliadhna ann an aodach annasach 's iad a' feuchainn ri airgead a thogail do dhiofar bhuidhnean. Chaidh mu chòig ceud millean not a chruinneachadh on a thòisich a' cho-fharpais bho chionn còrr 's trithead bliadhna.

Tha an rèis fosgailte dha daoine àbhaisteach a bharrachd air luchd-spòrs ainmeil. Bidh gu leòr ag amas air an rèis mar dùbhlán sònraichte a bhios romhpa an dèidh dhaibh a bhith ri trèanadh fad iomadh mìos. Tha mòran a' tilleadh bliadhna an dèidh bliadhna 's iad a' feuchainn ri dhol beagan nas luaithe na chaidh iad ron a sin. Gu dearbh, tha àireamh bheag de dhaoine air ruith gach bliadhna on a thòisich an rèis ann an 1981. Tha cuid a' cumail orra gus am bi iad gu math sean. Bha an duine a bu shine a ghabh pàirt a-riamh beagan 's ceud bliadhna a dh'aois!

Tha iomadh sgeulachd mhìorbhaileach eile ag èirigh às a' Mharathon agus, ann an 2003, thàinig Michael Watson gu aire an t-sluaigh ri linn na rèise. 'S e bogsair ainmeil a bha ann an Watson mus deach eanchainn a mhillleadh gu dona 's e a' sabaid an aghaidh Chris Eubank. Dh'fhàg seo e gun mhothachadh airson mìos 's e glè fhaisg air a' bhàs. Aig an àm sin bha na dotairean a bha ga fhrithealadh den



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 2 \*

bheachd nach deigheadh aige air coiseachd a-chaoidh. Chaidh mìosan seachad mus do bhruidhinn 's mus do ghluais e a-rithist. Bha aig Watson ri sia bliadhna a chur seachad ann an cathair-cuibhle mus b' urrainn dha fiù 's ceum no dhà a ghabhail. Chaidh sia bliadhna eile seachad mus robh e a' faireachdainn gun robh neart gu leòr aige gus pàirt a ghabhail sa mharathon. Thug Watson còrr 's sia latha mus do chrìochnaich e Marathon Lunnainn.

Ged a bha a h-uile co-fharpaiseach eile deiseil fada ron sin, bha sluagh mòr a' feitheamh ris aig an loidhne-deiridh 's iad a' dèanamh gàirdeachas mòr nuair a thàinig e fhèin 's Chris Eubank, a choisich am mìle mu dheireadh còmhla ris, nan sealladh.

[Tionndaidh an duilleag



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 3 \*

## Ceistean

1. (a) Dè am fiosrachadh a tha a' nochdadh gu bheil spòrs aig cridhe cultar ann am Breatainn?

2

---

---

---

---

---

- (b) Dè tha a' dearbhadh nach eil mòran thachartasan spòrs ann am Breatainn a tha cho cudromach ri Marathon Lunnainn?

3

---

---

---

---

---

---

---

2. Carson a tha na ruitheadairean as fheàrr airson pàirt a ghabhail san rèis?

2

---

---

---

---



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 4 \*

3. Carson a tha rèisean ann an Lunnainn mar as trice luath?

2

---

---

---

4. Thoir geàrr-chunntas air na rinn Paula Radcliffe ann an 2003.

2

---

---

---

5. Dè tha air innse dhuinn mun fheum a tha an rèis a' dèanamh do charthannas?

2

---

---

---

---

---

[Tionndaidh an duilleag



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 5 \*

6. (a) Inns mu dhà rud a tha ‘daoine àbhaisteach’ ag iarraidh às an rèis.

2

---

---

---

---

---

(b) Inns mu chuid aig a bheil eachdraidh shònraichte anns an rèis.

2

---

---

---

7. (a) Thoir geàrr-chunntas air cho dona 's a bha Micheal Watson air a leòn.

4

---

---

---

---

---

---

---

---

(b) Carson nach b' urrainn do Watson pàirt a ghabhail anns a' Mharathon airson ùine mhòr an dèidh na tubaiste?

2

---

---

---

---

---

---



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 6 \*



## 7. (a' leantainn)

- (c) Dè tha a' dearbhadh dhuinn gun robh sgeulachd Michael Watson cudromach dha sluagh Lunnainn aig an àm?

3

---

---

---

---

---

- (d) A bharrachd air gun robh e còmhla ris, saoil carson a tha Chris Eubank air ainmeachadh anns an t-seantans mu dheireadh?

2

---

---

---

---

## 8. Nad bheachd, dè na prìomh amasan a bha aig an earrainn?

2

---

---

---

---

[Tionndaidh an duilleag



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 7 \*

**ROINN 2 – SGRÌOBHADH – 20 comharran**  
**Feuch AON cheist.**

1. Sgrìobh mu phìos bàrdachd a tha thu air a sgrùdadh anns a' chùrsa Ghàidhlig. Seall mar a chleachd am bàrd diofar sgilean-sgrìobhaidh gus a' bhàrdachd a dhèanamh inntinneach.
2. Tagh prògram no film Gàidhlig a chòrd riut gu mòr. Inns dè rinn e cho soirbheachail.
3. Tha thu air a bhith a' rannsachadh cuspair a tha ceangailte ri cultar na Gàidhlig. Sgrìobh aiste mun chuspair sin.  
Dh'fhaodadh tu togail air na puingeann seo:  
Carson a bha ùidh agad fhèin anns a' chuspair?  
Dè na dòighean a chleachd thu airson an cuspair a rannsachadh?  
Dè na co-dhùnaidhean chun an tàinig thu aig a' cheann thall?
4. Tha dràma no sgrìopt mar as trice soirbheachail seach gu bheil iad cho coltach ri suidheachadh a tha fìor. Sgrìobh mu dhràma air a bheil thu fhèin eòlach agus inns mar a tha e coltach no eu-coltach ri beatha fhèin. Mìnich mar a rinn seo diofar dhut anns an dràma.
5. Inns mu nobhail no sgeulachd ghoirid a leugh thu far an robh car aig an deireadh. Beachdaich air carson a rinn an t-ùghdar seo agus inns ciamar a rinn seo an sgeulachd na b' fheàrr dhut.



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 8 \*

ÀITE FHREAGAIRT AIRSON ROINN 2

COMHARRAN

NA  
SGRÍOBH  
AN SEO

Lined writing area consisting of 22 horizontal lines.



\* X 7 3 2 7 5 0 2 0 9 \*

*Duilleag a naoi*







ÀITE BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN

COMHARRAN

NA  
SGRÌOBH  
AN SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 2 1 3 \*

*Duilleag a tri deug*

ÀITE BHARRACHD AIRSON FHREAGAIRTEAN



\* X 7 3 2 7 5 0 2 1 4 \*

*Duilleag a deithir deug*



[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 2 1 5 \*

*Duilleag a coig deug*

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO



\* X 7 3 2 7 5 0 2 1 6 \*

*Duilleag a sia deug*